

# Slighe Eachdraidh Ghàidhlig Thiriodh



**AN IODHLANN**

Tiree's Historical Centre

## Hianais

### Àireamh Map: 1

**Fiosrachadh:** Thogadh Ospadal-Fhiabhrais Hianais ann an 1905 airson leigheas a dhèanamh air deifir ghalairean gabhaltach nuair a dh'èireadh iad san eilean, nam measg am fiabhras mòr, an teasach dhearg, a' bhreac agus a' chaitheamh. Is e dachaigh phrìobhaideach a tha ann an-diugh.

Bhuineadh an Caiptean Dòmhnall MacFhionghuin do Hianais, aon de dh'iomadh chaiptean-mara à Tìriodh. B' e an sgiobair air an Taeping ann an Rèis Mhòr na Tì ann an 1866. Bha an fharpais seo eadar cliopairean-tì a' seòladh à Sìne a Shasainn. Thill an Caiptean MacFhionghuin dhachaigh le mòr-chliù agus chaidh Pàirc a' Chrannaig a bhuileachadh air mar aithne air na rinn e.



Ospadal-Fhiabhrais  
Hianais mu 1900



Sgan no put an seo airson tuilleadh a chluinntinn mu Hianais

## Sgairinis

### Àireamh Map: 2

**Fiosrachadh:** Chaidh Taigh Sgairinis a thogail ann an 1866. Aig an àm, bha Tìriodh 'tioram' agus b' e ainm an taigh-òsta an 'Temperance Hotel'. Mun do dh'fhosgladh an ceidhe aig ceann an iar na Tràigh Mhòir, b' e Sgairinis prìomh phort an eilein. Bhiodh am bàta-litrichean a' dol air acair a-mach bhon chladach agus rachadh bàt'-aiseig beag a-mach na coinneimh. Chaidh an 'Seòmar Leughaidh' (ionad eachdraidh an eilein, An Iodhlann, an-diugh) a thogail mar sheòmar-feitheimh ann an 1886.

Chaidh cead-dibhe a thoirt do Thaigh-òsta Sgairinis ann an 1951. Roimhe seo, bhiodh fir Thìriodh a' dol air bòrd bàta sam bith a bhiodh ceangailte aig a' cheidhe airson drama a ghabhail. Bha aon sgeulachd ann mu fhear a sheòl a Bharraigh ann is às, a chionns gun do dhìochuimhnich e dol air tìr a-rithis ann an Tìriodh as dèidh 'aon drama'.



Port Sgairinis  
anns na  
1930an



Sgan no put an seo airson tuilleadh a leughadh

## Got agus Circeabol

### **Àireamh Map: 3**

**Fiosrachadh:** Chaidh togalach Eaglais na h-Alba an Circeabol a thogail ann an 1842 os cionn na Tràigh Mhòir. Chan eil cho fada bhon a chaidh a dì-choisrigeadh.

Aig ceann siar na tràghad, tha creag bheag air a bheil Mallachdaig, no 'an tè bheag mhallaichte'. Thathas ag ràdh gun do cheangail an naomh Calum Cille a bhàta ris a' chreig seo fhad 's a bha e air thuras bho mhanachainn an Eilean Ìdhe. Nuair a dh'fhuasgail an ròpa agus a fhuair am bàta ma sgaoil, mhallaich e a' chreig, ag ràdh nach fàsadh duileasg gu bràth tuilleadh oirre. Faodaidh sibh ur barail fhèin a ruigheachd, co-dhiù tha seo fhathast fìor.



Eaglais  
Chirceabol

## Bhalla

### **Àireamh Map:4**

**Fiosrachadh:** Bha raon-goilf ann a' Bhalla cho fad' air ais ri na 1890an. Ann an 1911, chaidh raon ochd toll deug le 6,306 slat de dh'fhaid a dhealbh le taic cluicheadair phroifeiseanta, James Hobbins, a bha pòsta aig ban-Tirisdeach. Chaidh taigh-cluba a ghibhteadh san t-Sultainn sin le Mgr Teàrlach MacNèill bho Ghàradh Iarainn nan Colonaidh ann am Baile Ghobhainn.

Ro àm an Dara Cogaidh, bha ainm air leth aig Tiriodh mar àite airson golf a chluich. Bha raointean ochd toll deug ann am Bhalla, Sgairinis agus Hianais, agus raon le naoi tuill ann an Còrnaig.

Chaidh iad uile a dhùnadh ri linn a' chogaidh, agus cha do dh'fhosgail ach cùrsa Bhalla as ùr ann an 1962 le naoi tuill a-mhàin.

A' cluich golf ann an  
Cireabol anns na 1920an



## Ruaig

### **Àireamh Map: 5**

**Fiosrachadh:** Tha dòirlinn a’ dol a-mach gu eilean Shòthaigh a tha na shuidhe dìreach far chladaichean Ruaig. Tha an t-eilean a’ cuartachadh geodha air a bheil ‘An Acarsaid Fhalaich’. Thathas ag ràdh gun d’ fhuair i an t-ainm seo aig toiseach na 19mh linn, nuair a bha cùiltearachd uisge-beatha is thombaca à Èirinn na dheagh theachd a-steach ann an Tìriodh.

Cha ghabhadh bàtaichean len cruinn air an leagail fhaicinn à iùbhraichean a’ chusbainn a bha a’ cumail faire air Seòlaid Thiriodh, no gu dearbha bho Thiriodh fhèin. Is i an sgeir as fhaide muigh bhon Tràigh Mhòir, Clach a’ Chomharraidh. Bha i na comharra-iùil do sgiobairean a’ seòladh anns a’ bhàigh.

Soay



## Sathalum

### **Àireamh Map: 6**

**Fiosrachadh:** Dh’fhosgail Calum MacIlleathain, no Calum Shathaluim, mar a theirte ris, bùth an seo ann an 1938. Bha am bùth ann an seann togalach feachd an adhair, RAF Tìree, agus b’ e aig aon àm am bùth a bu mhotha ann an ceann an ear an eilein. Reiceadh e a h-uile rud: aran a’ bhèiceir à Glaschu, cnogain bidhe, paireafain agus spiorad meitil airson nan lampaichean Tilley, truinnsaran, rèidiothan agus na bataraidhean aca, agus eadhan tractairean. B’ e a’ chiad duine a reic gas-botail anns an eilean, agus bha e am measg na ciad fheadhainn ann an Tìriodh a thog muileann-gaoithe air a thaigh airson dealan a chruthachadh.

Bha obair-rianachd air dheireadh air a h-uile nì eile a dhèanadh e. Am broinn an taighe ann an Sathalum, bhiodh bòrd an dìinneir an còmhnaidh air a chòmhdach le litrichean a’ feitheamh freagairt is cùntasan a’ feitheamh an rèiteach. B’ i an t-sèist a bu trice a bh’ aige: “Tha e an seo, ach càite?”

Calum Shathaluim  
taobh a-muigh a  
bhùth anns na  
1960an



## An Caolas

### **Àireamh Map: 7**

**Fiosrachadh:** Tha an Caolas aig fìor cheann an ear Thiriodh, mu choinneamh Sruth Ghunna agus eilean Cholla. B' e seo am prìomh phort airson an aiseig do Cholla, agus bha taigh-òsta ann airson luchd-siubhail.

Chaidh am bàrd Iain MacIlleathain a thogail anns a' Chaolas, agus choisinn e ainm mar Bhàrd Thighearna Cholla, mus do rinn e imrich do dh'Albainn Nuaidh ann an 1819. Bha e air uabhasachadh nuair a chunnaic e na coilltean tiugha an sin, agus rinn e òran ainmeil mun 'choille ghruamaich' a b' fheudar dha a leagail mum b' urrainn dha taigh a thogail.

Sa Mhàrt 1973, bha an long-mhotair Loch Sìophort a' seòladh a Thiriodh nuair a chaidh i air sgeir air taobh a deas a' Chaolais. Dh'òrdaich an sgiobair don luchd-siubhail agus don chriutha an soitheach fhàgail, agus chaidh am bàta millte a shlaodadh gu ceidhe Ghot, far an deach i fodha. Chaidh a togail le cran às a' Ghearmailt, agus an sin chaidh a tarraing don t-Sròn, far an deachaidh a cur às a chèile.

Am Bàta-Motair Loch Seaforth aig  
Ceidhe Ghot



## Baile Phèadrais

### **Àireamh Map: 8**

**Fiosrachadh:** Air an sàrachadh le gainnead fearainn, rinn ochdnar choitear reud air Tuathanas Bhaile Phèadrais ann an 1918. Dh'àitich iad cuid dheth, ach chaidh an cur an grèim agus an cur dhan phrìosan fad deich latha. Chaidh an tuathanas a roinn na chròitean dà bhliadhna na dhèidh sin.

Chaidh ceidhe a thogail sa bhàgh san Dara Cogadh. Bha e air a shuidheachadh air gainmhich, is thuit e anns a' chiad stoirm a bhuail air.

Ceidhe Bhaile  
Phèadrais mu  
1940



Sgan no put an seo airson tuilleadh  
a chluinntinn mu Bhaile Phèadrais

## Crosabol

### Àireamh Map: 9

**Fiosrachadh:** Chaidh An Rif no An Ruighe a ghabhail thairis le Ministearachd a' Chogaidh ann an 1939. Chaidh trì raointean-laighe a thogail agus campa a ghabhadh 2,000 ball-seirbhise. Bha gnothach aig RAF Tìree an toiseach ri sireadh is cobhair tro Chogadh a' Chuain Shiar.

Ann an 1943, ghluais Squadron-adhair 518 a Thiriodh. Bha iad a-sàs ann a bhi cruinneachadh fiosrachadh aimsir, a' siubhal fada thar a' Chuain Shiar ann an itealain Halifax a bha uidheamaichte a dh'aona-ghnothaich airson na h-obrach.

Tha cliù ann an eachdraidh aig 518, leis gun do mhothaich iad do thoiseach droch-shìde far Innis Tìle a thug air Eisenhower dàil fad latha a chur air D-Day san Òg-mhìos 1944, co-dhùnadh cho riatanach 's a ghabhte rè an Dara Cogaidh.



Itealan Halifax os  
cionn Thiriodh



Scan or [click here](#) to read more

## An Cruairtean

### Àireamh Map: 10

**Fiosrachadh:** Is e Taigh an Eilein àite-còmhnaidh Diùc Earra-Ghàidheil ann an Tìriodh. Thogadh seo ann an 1748. Tha e na shuidhe an-diugh air leth-eilean beag. Ach anns na lathaichean a dh'fhalbh b' e fìor eilean a bha an seo, air an robh caisteal bho linn nam Meadhan Aoisean. B' ann le Clann Illeathain Dhubhaird a bha an t-eilean gu ruige 1679.

Mu choinneamh an taighe agus làmh ris an rathad, tha tulachan beag air a bheil Bac' a' Chrochaidh. Thathas ag ràdh gum biodhte a' crochadh an-sin an duine mu dheireadh a phàigheadh a mhàl.



Bac' a' Chrochaidh



Taigh an Eilein

## Baile Mhàrtainn

### **Àireamh Map: 11**

**Fiosrachadh:** Aig aon àm, b' e Baile Mhàrtainn am baile a bu mhotha anns an eilean, le cha mhòr dà cheud duine a' fuireach an seo ann an 1861. B' àbhaist gu robh trì bùithean ann, is cairtean agus a-rithis bhanaichean aig a dhà dhiubh. Bha iomadh iasgair ann, is tha na tha air fhàgail de sheann cheidhe fhathast ri fhaicinn aig a' chladach.

Bha an dachaigh aig Iain MacIlleathain, Bàrd Bhaile Mhàrtainn, anns a' bhaile seo. Bha ainm aige mar aon de na bàird a b' fheàrr anns an eilean - bha na h-òrain aige a' buntainn ri gaol, eilthireachd, polataigs, agus bhiodh e cuideachd gu tric a' tarraing às a chuid nàbaidhean.



[Sgan no put an seo airson èisteachd](#)  
[ri Bàrd Bhaile Mhàrtainn.](#)



Baile Mhàrtainn 1920

## Haoidhnis

### **Àireamh Map: 12**

**Fiosrachadh:** Aig stèisean-cladaich an taigh-sholais bha doc-luingeis, tùr-siognailidh, bùithean-obrach agus àite-fuirich dhaibhsan a bha a-sàs ann an obair-togail taigh-solais na Sgeir Mhòir. Chaidh an taigh-solais a dhealbhadh le Ailean Stevenson agus tha e a' seasamh aona mhìle deug far chladaichean Thiriodh.

Thoisich an obair-thogail ann an 1837. Thàinig a' chlach às an Ros Mhuileach. Bha i air a snaidheadh le sgioba de dh'ochdad clachair, is an uair sin chaidh a cur a-null air bàta airson a stèidheachadh air an Sgeir Mhòir. Lasadh a' chiad solas ann an 1844. Bhiodh an ceathrar chìobair-sholais a' fuireach ann an sreath thaighean os cionn an tùr-siognailidh.



Scan or [click here](#) to **read**  
more on Hynish



## Àireamh Map: 13

# Bail' a' Phuill

**Fiosrachadh:** Tha Ceann a' Bharra na shuidhe aig fìor cheann shìos Thraigh Bhì, aon de thrì chnuic a-mhàin anns an Eilean. Air taobh a deas Cheann a' Bharra tha Teampall Phàraig, tobhta seipeil bho na Meadhan Aoisean air làrach manachainn bhon ómh linn.

Air an 8mh Iuchar 1856, bha latha ciùin, grianach ann agus b' e bogha-frois san iar an aona chomharra do Ghilleasbuig Caimbeul (Am Bòidheach) à Barabol nach bu chòir dha cur gu muir an latha sin. Thug e rabhadh do na fir eile, ach chaidh seachd soithichean a-mach bhon Phort Mhòr anns na Cùiltean, a' dèanamh air bancaichean-iasgaich na Sgeir Mhòir. Dh'èirich stoirm gun fhiosda dhaibh, a' cur na cabhlaich ma sgaoil, agus chaidh naoinear a bhàthadh. Tha carra-cuimhne an-diugh os cionn a' Phuirt Mhòir do na fir a chailleadh ann am Fuadach Bhail' a' Phuill.



Teampall  
Phàraig

An càrn-cuimhne mu  
choinneamh a' Phuirt  
Mhòir



## Àireamh Map: 14

# Sanndaig

**Fiosrachadh:** Chaidh HMS Sturdy air cladaich Shanndaig ann an 1940. Bha sgiobair bhon eilean, Dòmhnall Mac na Ceàrdaich à Grianal, aig an taigh air fòrladh agus chuir e siognail Morse le lòchran thuca a leigeil fhaicinn gur ann air eilean agus nach b' ann air creig aig muir a chaidh iad air tìr, rud a shàbhail beatha cuid. Chaochail cuid eile as dèidh leum bhon bhàta, is iad den bharail gur ann air na creagan a bha iad air grunnachadh.

B' e an Glassary ainm muinntir an àite air factaraidh-fheamainn Thiriodh ann an Sanndaig, agus b' ann le Companaidh Ceimigeach Bhreatainn a Tuath a bha e eadar 1864 agus 1910. Bhiodh an fheamainn ga trusadh air feadh an eilein agus ga tiormachadh air ballachan air cùlaibh Bheinn Hogh mas rachadh a toirt don fhactaraidh airson a losgadh.



A' truisseadh ceilp ann an 1960

Roimhe sin, bhiodh luath na feamainn ga giùlan bhon eilean 's ga cleachdadh ann a bhith dèanamh aidheodain, siabann, glainne, agus stuthan meidigeach agus spreadhaidh eile aig àm nan cogadh Napòleonach. Chaidh corran na h-obrach an uair sin a chleachdadh airson mullaichean thaighean a thearradh an àite tughadh murain. Is ann mar seo a thàinig na mullaichean-tearraidh annasach a chìthear an Tiriodh gu bith.



## A' Mhòinteach Ruadh

### **Àireamh Map: 15**

**Fiosrachadh:** Fhad 's a bha Tiriodh na eilean thioram, bha aon de bhothain neo-laghail an eilein ri lorg anns a' Mhòintich Ruaidh. Bha fear a b' aithichte mar 'Rìgh na Mòinteach' a' còmhnaidh ann an taigh-tughaidh ann, ri taobh a nìghinn, 'Màiri-Ann' a' Rìgh'. B' i Màiri-Anna a bha riaghladh a' bhothain. Chan fhosgladh i an doras mura gnogadh duine air ann an dòigh àraid.

Bhiodh na Tirisdich a' gearradh am mòna an sin, ach an dèidh sin bhiodh iad a' dol don Ros Mhuileach.



Briuthas mì-laghail  
Màiri-Anna a' Rìgh  
anns a' Mhòintich

## Bail' a' Mhuilinn

### **Àireamh Map: 16**

**Fiosrachadh:** Chaidh am bàta-smùide Vivo air cladach Bhail' a' Mhuilinn ann an 1890 agus i a' giùlain luchd guail bhon Chaisteal Nuadh gu Bail' Àth Cliath. Chaidh aig a' chriutha de dh'ochd duine deug air iomramh gu tìr agus sàbhailteachd. Fhuair an caiptean ciontach de dhroch sheòladaireachd is chaidh ìsleachadh gu inbhe prìomh mheat fad sia mìosan. Chìthear einsin agus crom-fhearsaid an t-soithich le muir-tràigh aig ceann siar na tràghad.

Ann an 1912, fhuair an t-eòlaiche àrsaidheachd Anndra Bishop cràmhlachan anns na bacannan air chùlaibh na tràghad. Thachair gum buineadh iad do Linn Ùr na Cloiche, aon le buaidh glacadh-clèibh air, an eisimpleir as sine a lorgte fhathast ann am Breatainn. Faisg air làimh, bha clach-theine ann an cumadh ceann-saighde air a dhèanamh mu 11,000 bliadhna air ais leis na ciad dhaoine a ràinig Alba bho thìr-mòr na h-Eòrpa.

Sgan no put an seo airson  
sgeulachd eile mu Bhaile  
Mhuilinn a chluinntinn



## A' Ghreen

### Àireamh Map: 17

**Fiosrachadh:** B' àbhaist do bhàtaichean-iasgaich bhon sgìre agus bho thaobh sear na dùthcha seòladh a-steach a Phort Bhiosta airson an lìontan a sgaoileadh agus an tiormachadh air an lianaig uaine os cionn na tràghad, agus b' e 'The Green' a thug iasgairean a' chosta an ear air an àite seo.

B' e taigh-seinnse a bh' ann an taigh-tuathanais na Croise, àite a bha còrdadh gu mòr ris na h-iasgairean.



A' Ghreen

Sgan no put an seo  
airson tuilleadh a  
chluinntinn mun Ghreen



### Àireamh Map: 18

## Còrnaig

**Fiosrachadh:** Is i muileann Chòrnaig an aon mhuileann anns an eilean a tha ri fhaicinn fhathast. Chaidh a thogail le còigeamh Diùc Earra-Ghàidheil ann an 1803, a' frithealadh an eilein gu lèir. Bha muillearan a' còmhnaidh agus ag obair aig Taigh a' Mhuilinn gu ruige 1945. Chaidh roth a' mhuilinn a chàradh agus tha e fhathast a' cur nan caran.

Dh'fhosgail Sgoil Chòrnaig Mhòir a dorsan ann an 1876, aon de chòig sgoiltean anns an eilean. Chaidh a h-ath-thogail ann an 1936, a' cheud thogalach san eilean anns an robh cumhachd dealain agus cuideachd taighean beaga anns an robh poitean-sruthlach.

Leudaich an sgoil an 1983 gu ìre sia bliadhna àrd-sgoile, a' fàgail nach robh feum aig clann an eilein an dà bhliadhna-sgoile mu dheireadh a chur seachad ann an Àrd-sgoil an Òbain.



Muileann  
Chòrnaig  
anns na  
1920an